

Cuspair Clàir- ghnothaich	<b>3</b>
Àir. Aithisge	<b>G/3/20</b>

## COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

**Comataidh:** Comataidh na Gàidhlig

**Ceann-latha:** 5 Samhain 2020

**Tìotal Aithisge:** Buaidh COVID agus Ath-shlànachadh na Gàidhlig

**Aithisg Le:** Àrd-Oifigear Gnìomhach Coileanaidh agus Riaghlachais

### 1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

1.1 Tha an Aithisg seo a' toirt fiosrachadh do Bhuill:

- a) mu bhuidh COVID air prìomhachasan làithreach taobh a-staigh Plana na Gàidhlig, le aire shònraichte do na cuspairean a leanas:
  - A' Ghàidhlig san Dachaigh, ann an Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne
  - A' Ghàidhlig sa Choimhearsnachd; agus
- b) a' comharrachadh prìomh raointean leasachaidh làithreach agus teachdail a chuireas taic ri Prògram Ath-shlànachaidh na Gàidhlig.

### 2. Molaidhean

2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:

- i. Beachdachadh air an aithisg agus toirt fa-near do na chaidh a dhèanamh gus buaidh Covid a lùghdachadh a thaobh mar a thathar a' libhrigeadh nam prìomhachasan ann am Plana na Gàidhlig;
- ii. Toirt fa-near do raointean leasachaidh làithreach is teachdail; agus
- iii. Beachdachadh air na gnìomhan eile a dh'fhaodadh a bhith air an gabhail os làimh gus taic a chur ri Prògram Ath-shlànachaidh na Gàidhlig.

### 3. Seaghan

3.1 Goireas

Tha na dh'fhaodadh seo ciallachadh an-ceartuir a thaobh goireasan a' buntainn ris na prìomh bhuidseatan, a tha a' gabhail a-steach Maoin Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig, Maoin Taic Covid (Bòrd na Gàidhlig), agus Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig (Bòrd na Gàidhlig).

- 3.2 Laghail  
Tha e mar riatanas air Comhairle na Gàidhealtachd a Plana Gàidhlig a chur an gnìomh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.
- 3.3 Coimhearsnachd (Co-ionannachd, Bochdainn, Dùthchail agus Eilean)  
Tha an Aithisg a rèir poileasaidhean Chomhairle na Gàidhealtachd a thaobh Co-ionannachd.
- 3.4 Atharrachadh Gnàth-shìde/Carbon Ciallach  
Tha Sgioba na Gàidhlig an-ceartuair a' frithealadh choinneamhan uile air-loidhne agus gu bhìortail, mar sin a' lùghdachadh siubhal airson gnothachas.
- 3.5 Cunnart  
Tha Cunnart aig an ìre as lugha agus thathar a' cumail ri stiùireadh Nàiseanta làithreach agus stiùireadh Chomhairle na Gàidhealtachd a thaobh Covid-19.
- 3.6 Gàidhlig  
Tha an aithisg a' neartachadh Leasachadh Gàidhlig taobh a-staigh sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd agus a' toirt taic do bhith a' buileachadh Plana na Gàidhlig.

#### **4. A' tuigsinn buaidh COVID-19 air pròiseactan làithreach**

- 4.1 Tro ghlasadh-sluaigh Covid-19 agus bacaidhean às dèidh sin, ghluais Sgioba Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd gu bhith a' lìbhrigeadh sheirbheisean air-loidhne far am b' urrainnear, mar sin a' toirt chothroman do sgoilearan FtG agus teaghlaichean com-pàirt a ghabhail ann an cleasan Gàidhlig. Bha agus tha buaidh aig Covid-19 air comas pròiseactan sònraichte a lìbhrigeadh taobh a-staigh Plana na Gàidhlig 3, seach gu bheil bacaidhean ann fhathast a thaobh a bhith a' gabhail sgoiltean is goireasan coimhearsnachd air mhàl. Bha buaidh air na pròiseactan a leanas a tha uile a' cur feum air eadar-obrachadh aghaidh ri aghaidh agus a tha air an cumail gu cunbhalach ann an togalaichean sgoile agus ionadan-coimhearsnachd.

- Roinn Tràth-ionnsachaidh agus Cùram-chloinne 0-3
- Cleasan taic cànan taobh a-muigh a' churraicealaim airson FtG Bun-sgoile
- Iomairtean Foghlam Gàidhlig Àrd-sgoile
- Clasaichean Ionnsachadh Inbheach stèidhichte sa choimhearsnachd agus tachartasan Ionnsachadh Teaghlaich
- Bùithtean-obrach Gàidhlig do Phàrantan agus tachartasan Buannachdan Dà-chànanaidh, a' gabhail a-steach goireas Fàs Foghlaim do phàrantan
- Pròiseactan a' toirt taic do sgoilearan FtG tron latha-sgoile

#### **5. Maoin Taic COVID Bhòrd na Gàidhlig (BnaG)**

- 5.1 Air sàillibh Covid-19, chan eil e air a bhith comasach do sgoilearan FtG faighinn gu na cleasan is na tachartasan cultarail àbhaisteach taobh a-muigh a' churraicealaim agus às dèidh na sgoile. Mar thoradh, chaill clann FtG agus an teaghlaichean – gu h-àraid sna Tràth-bhliadhnaichean – cothrom a thaobh a bhith a' leasachadh sgilean togail cànan.
- 5.2 Chuir Sgioba na Gàidhlig a-steach iarrtas maoin eachaidh gu Maoin Taic Covid Bhòrd na Gàidhlig san Iuchar 2020. Bhathar ag iarraidh £12,000 gu h-iomlan gus taic a thoirt do phròiseactan ann an roinn nan Tràth-bhliadhnaichean a thaobh Prògram Ath-shlànachaidh na Gàidhlig. Chaidh £4,500 fhaotainn gu h-iomlan bho Bhòrd na Gàidhlig. Bheir am maoin eachadh taic do raon iomairtean a tha air an dealbh gus taic a thoirt do leasachadh cànan, gu sònraichte taobh a-staigh ìrean Tràth-bhliadhnaichean FtG.

## **6. Prìomh Leasachaidhean airson Foghlam tron Ghàidhlig taobh a-staigh na Dachaigh agus na Coimhearsnachd**

- 6.1 Tha Sgioba na Gàidhlig a' cumail ri stiùireadh nàiseanta agus ionadail a thaobh Covid-19 agus thathar air a bhith a' cur prìomh phròiseactan leasachaidh an gnìomh, a' cleachdadh dòigh-obrach mheasgaichte le mòran phròiseactan a' gabhail àite air-loidhne an toiseach. Thathar mean air mhean a' planadh prìomh phròiseactan leasachaidh gus taic chur ri Foghlam tron Ghàidhlig ann an àrainneachd aghaidh ri aghaidh, a rèir stiùireadh nàiseanta.
- 6.2 Tha pròiseact paidhleit ga chur air dòigh le Comann nam Pàrant Nàiseanta gus sreath de thrì bùithtean-obrach eadar-obrachail air-loidhne a chruthachadh airson taic a thoirt do phàrantan gus an cuid chloinne a chuideachadh le Gàidhlig anns an dachaigh. Thathar cuideachd ag obair air bhidio airson a dhol còmhla ris na bùithtean-obrach seo.
- 6.3 A' leantainn air adhart bho shuirbhidh a chaidh a-mach gu pàrantan FtG rè a' ghlasaigh, chomharraich luchd-obrach aig Bun-Sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh gun robh dragh air pàrantan mu chion bogaidh sa Ghàidhlig dhan cuid chloinne aig an taigh. Gus taic a thoirt do phàrantan is do chloinn FtG san dachaigh, chruthaich luchd-obrach Thràth-bhliadhnaichean Gàidhlig aig BSGP bhidiothan a bha gu sònraichte a' cleachdadh abairtean is faclan bunaitheach a bhathar a' teagasg san Sgoil-àraich. Bha na bhidiothan cuideachd a' gabhail a-steach ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh do phàrantan aig an taigh agus chòrd seo riutha gu mòr. Tha sreath eile de bhidiothan Cluichidh Sinn Còmhla gu bhith air a dhèanamh ann an com-pàirteachas le Bun-Sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh agus Bun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis. Bidh na bhidiothan a' cumail suas taic aig an taigh do roinn nan Tràth-bhliadhnaichean agus tha sgoiltean FtG an dùil na bhidiothan a chleachdadh gus trèanadh a libhrigeadh do luchd-obrach Thràth-bhliadhnaichean a tha air am fastadh às ùr.
- 6.4 Rè a' ghlasaigh chaidh sreath de shia bhidiothan ball-coise Gàidhlig a choimiseanadh le FC Sonas. Bha seo a' gabhail a-steach cleasan spòrsail a' buntainn ri ball-coise is slàinte agus a dh'fhaodadh teaghlaichean FtG a dhèanamh còmhla. Thathar air coimisean eile a thoirt seachad airson sreath de bhidiothan a' buntainn ri slàinte agus a chuidicheas tidsearan is ceannardan chlubaichean gus seiseanan a chur air dòigh do sgoilearan FtG. Tha na bhidiothan, a bhios air an libhrigeadh le FC Sonas, faisg air a bhith deiseil agus thèid an sgaoileadh gu sgoiltean is buidhnean coimhearsnachd. Cuideachd, chaidh campa ball-coise Gàidhlig eadar-obrachail a chur air dòigh airson trì làithean tro shaor-làithean na Dàmhair.
- 6.5 Tha Sgioba na Gàidhlig a' cruthachadh sreath de bhidiothan goirid a tha a' sealltainn cluiche le gillean-mirein gus taic a thoirt do chloinn FtG a tha a' gluasad chun na Tràth Ìre. Tha na gillean-mirein math airson taic a chur ri bhith a' togail cànan labhairteach agus sgilean conaltraidh.
- 6.6 Tha clasaichean Gàidhlig air-loidhne do phàrantan gu bhith air an tabhann mar prìomh leasachadh airson taic a chur ri teaghlaichean FtG san dachaigh.
- 6.7 A' leantainn air adhart bho thachartas na bliadhna an-uiridh ann an co-bhann le sgoiltean FtG agus Cuillin FM, tha Sgioba na Gàidhlig a' leasachadh deasbad FtG àrd-sgoile gu bhith a' gabhail àite air-loidhne sa Ghearran 2021. Bheir am pròiseact taic do sgoilearan FtG len cuid sgilean togail cànan agus le bhith a' cleachdadh na Gàidhlig barrachd.

7. **Molaidhean airson taic a thoirt do dhaoine òga ann am Foghlam Gàidhlig Àrd-sgoile**
- 7.1 Tha Sgioba na Gàidhlig a' cumail co-chomhairle le daoine òga ann am FtG gus prògram taic a chur air dòigh do sgoilearan FtG agus luchd-ionnsachaidh san àrd-sgoil. Thèid cuireadh a thoirt do na daoine òga a tha a' gabhail com-pàirt ann an tachartas Siuthad gus na beachdan pearsanta aca fhèin a thoirt seachad mu na h-iomairtean is na cleasan a chòrdadh riutha. Thathar an dùil ceangal a thogail le roinnean Gàidhlig anns a' Ghàidhealtachd gus an taic a tha a dhith ann an sgoiltean a thaobh Foghlam Gàidhlig àrd-sgoile a chomharrachadh.
- 7.2 Tha Sgioba na Gàidhlig ag obair ann an com-pàirteachas le Leasachadh Sgilean Alba gus Siuthad – latha dreuchdan Gàidhlig airson sgoiltean na Gàidhealtachd – a libhrigeadh. Thèid a libhrigeadh air-loidhne am-bliadhna. 'S e amas Siuthad aire a thogail am measg luchd-labhairt òga na Gàidhlig mun raon farsaing shlighean is chothroman dreuchdail a th' ann dhaibhsan aig a bheil an cànan agus am brosnachadh gus cumail a' dol len cuid ionnsachaidh. Thathar an dùil dà thachartas a chumail air-loidhne am-bliadhna. Bidh tachartas air Diardaoin 12 Samhain (Luchd-labhairt Fileanta ÀS3-ÀS6) agus thèid a libhrigeadh sa Ghàidhlig. Bidh tachartas air Diardaoin 19 Samhain (Luchd-ionnsachaidh ÀS4-ÀS6) agus thèid seo a libhrigeadh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla. Coltach ri tachartasan roimhe, bidh sreath de bhùithtean-obrach eadar-obrachail ann bho ghrunn roinnean eadar-dhealaichte agus bidh Àite Taisbeanaidh/Margaidh ann far an urrainn do sgoilearan bruidhinn ri raon farsaing luchd-taisbeanaidh mu dhreuchdan agus mu chothroman an lùib foghlam adhartach is àrd-ìre.
- 7.3 Tha Cathraiche Chomataidh na Gàidhlig air sgrìobhadh chun an Leas-Phrìomh-Mhinistear Iain Swinney gus iarraidh air facal a ràdh aig fosgladh tachartas Latha nan Dreuchdan Gàidhlig.
- 7.4 Cuiridh Sgioba na Gàidhlig tachartas bliadhnail còmhnaidheach Seachdain nan Deugairean air dòigh ann an com-pàirteachas le Sabhal Mòr Ostaig. Thathar a' tabhann Seachdain nan Deugairean do sgoilearan fileanta agus luchd-ionnsachaidh ann an Àrd-Sgoil Phort Rìgh, Àrd-Sgoil Mhalaig, Àrd-Sgoil Àird nam Murchan agus Àrd-Sgoil a' Phluic. Bidh cothrom aig sgoilearan na sgilean Gàidhlig aca a leasachadh tro spòrs agus cleasan cruthachail is cultarail, uile ann an suidheachadh bogaidh Gàidhlig. Thathar an dùil am pròiseact a chur air adhart ann an àrainneachd aghaidh ri aghaidh agus leanaidh Sgioba na Gàidhlig stiùireadh nàiseanta agus cumar ri riaghailtean stèidhichte airson a bhith a' libhrigeadh phròiseactan.
- 7.5 Thathar a' planadh club às dèidh sgoile air-loidhne agus thathar an dùil BSGI a chleachdadh mar phaidhleat. Tha Sgioba na Gàidhlig ag obair còmhla ri luchd-obrach Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis agus BSGI gus ceangal a thogail le sgoilearan àrd-sgoile a dh'fhaodadh a bhith a' gabhail com-pàirt ann an Duais Diùc Dhùn Èideann no anns na sgeamaichean preantasachd. Bhiodh na sgoilearan àrd-sgoile ag obair còmhla ri luchd-obrach gus club às dèidh sgoile a chur air dòigh gach seachdain air-loidhne do sgoilearan bun-sgoile.
- 7.6 Tha Sgioba na Gàidhlig ag obair ann an com-pàirteachas le High Life na Gàidhealtachd gus cùrsa Ceannardas Spòrs Gàidhlig a libhrigeadh. Tha am pròiseact a' toirt cothrom do dhaoine òga ann am FtG duais Ceannardas Spòrs ìre 4 a chrìochnachadh sa chiad dol a-mach. Faodaidh na daoine òga a dhol air adhart gu ìre 5 gus na sgilean coidsidh aca a leasachadh agus a bhith comasach air cleasan Gàidhlig às dèidh sgoile a stiùireadh, cho math ri cothrom taic a thoirt do Phrògram Samhraidh High Life na Gàidhealtachd. Thathar a-nis a' stèidheachadh chlubaichean spòrs Gàidhlig às dèidh

sgoile sa Ghàidhealtachd agus tha ceannardan òga a bha roimhe an làthair air a' phròiseact Ceannardas Spòrs a-nis a' gabhail com-pàirt ann a bhith a' libhrigeadh nan clubaichean. Bhathar an dùil am pròiseact a leudachadh sa Ghiblean 2020 agus cothrom a thoirt do sgoilearan Gàidhlig sna h-Eileanan Siar com-pàirt a ghabhail sa phrògram choidsidh. Chaidh seo a chur dheth gu bliadhna acadaimigeach 20/21.

## **8. Cothroman airson pròiseactan didseatach Gàidhlig air-loidhne**

- 8.1 Leasaich Sgioba na Gàidhlig pròiseactan agus goireasan ùra do sgoilearan FtG, pàrantan, luchd-ionnsachaidh inbheach agus coimhearsnachd na Gàidhlig san fharsaingeachd. Tha Sgioba na Gàidhlig a' leantainn air adhart a' libhrigeadh nam pròiseactan aca air-loidhne agus a' gluasad mean air mhean gu libhrigeadh aghaidh ri aghaidh a rèir stiùireadh nàiseanta agus ionadail a thaobh Covid-19.
- 8.2 Chaidh sreath de naoi bhidiothan goirid a chruthachadh le Sgioba na Gàidhlig gus pàrantan Thràth-bhliadhnaichean a chuideachadh leis a' Ghàidhlig anns an dachaigh. Bha na bhidiothan ag amas air abairtean bunaiteach is òrain Ghàidhlig do phàrantan a bha feumach air barrachd taic gus a' Ghàidhlig a chleachdadh aig an taigh len cuid chloinne anns na Tràth-bhliadhnaichean. Bha na h-abairtean is na h-òrain ag amas air cleachdaidhean is cleasan a leithid a bhith ag èirigh anns a' mhadainn, àm stòiridh agus a bhith a' faighinn deiseil airson na leapa.
- 8.3 Air sàillibh Covid-19 cha b' urrainnear prògram chlasaichean Gàidhlig Ionnsachadh Inbheach a libhrigeadh aghaidh ri aghaidh. Chuir Sgioba na Gàidhlig sreath chlasaichean Gàidhlig Ionnsachadh Inbheach air dòigh airson a bhith freagarrach an dà chuid airson oidean agus oileanaich. Chaidh sreath de sheiseanan gràmar Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh inbheach, a' còmhach ceithir structaran gràmair cumanta, a libhrigeadh san Dàmhair.
- 8.4 'S e tachartas nàiseanta ionnsachadh teaghlach do theaghlachan ann am Foghlam tron Ghàidhlig air feadh na h-Alba a th' ann an Seachdain nan Teaghlach. Tha an tachartas air a chur air dòigh le Buidheann Ionnsachaidh is Leasachaidh na Gàidhlig (GLAD), Sabhal Mòr Ostaig agus Comhairle na Gàidhealtachd. Thathar a' toirt cothrom do phàrantan cùrsaichean Gàidhlig a fhrithealadh fhad 's a tha a' chlann FtG a' frithealadh sgeama-cluiche agus cleasan tro mheadhan na Gàidhlig. Bidh a' chlann sna Tràth-bhliadhnaichean a' frithealadh ionad cùram-chloinne Fàs Mòr a tha suidhichte anns a' cholaiste Ghàidhlig. Air sàillibh Covid-19, cha robh e comasach an t-seachdain a chur air adhart mar a rinneadh roimhe, ach ghabh 18 teaghlach com-pàirt ann an tachartas air-loidhne (26 inbheach agus 28 leanabh). Anns a' mheasadh a chaidh fhaotainn bho phàrantan, chaidh innse gum biodh iad toilichte nan deigheadh fòram a stèidheachadh air-loidhne do phàrantan FtG, gus am biodh taic leantainneach ann do phàrantan FtG.
- 8.5 Chaidh pròiseact sgrìobhadh cruthachail Sgioba na Gàidhlig a dhealbhadh an toiseach gus cothrom a thoirt do sgrìobhadair/ùghdar Gàidhlig tadhal air sgoiltean agus seiseanan ann an sgrìobhadh cruthachail a libhrigeadh. Air sàillibh Covid-19, dh'atharraich Sgioba na Gàidhlig am pròiseact gus am biodh e freagarrach airson a libhrigeadh air-loidhne. 'S e goireas Gàidhlig air-loidhne a th' ann an 'Sgrìobh Sgeulachd' agus tha e a' stiùireadh tidsearan is sgoilearan FtG tro phròiseas gus sgeulachd a sgrìobhadh. Thathar a' toirt cothrom do sgoilearan smuaintean tùsail a leasachadh, structar a chruthachadh agus sgeulachd a sgrìobhadh. Tha an goireas ri fhaotainn air a' hub didseatach agus faodaidh sgoiltean air feadh na Gàidhealtachd a chleachdadh.

- 8.6 Ron Mhòd Air-loidhne, dh'obraich Sgioba na Gàidhlig le prìomh chom-pàirtichean gus tachartasan air-loidhne a chur air dòigh do theaghlaichean is do chloinn òga. Bha seo a' gabhail a-steach a bhith ag obair còmhla ri C.A.L.A. gus bhidio a chlàradh a dh'fhaodadh pàrantan a choimhead còmhla rim pàistean, agus bhathar ag obair ann an com-pàirteachas cuideachd le Fèis Rois gus cèilidh teaghlaich a chlàradh ann an diofar sgìrean air feadh na Gàidhealtachd.
- 8.7 Tha Sgioba na Gàidhlig air sreath de sheiseanan còmhraidh eadar-obrachail Gàidhlig a leasachadh air-loidhne le grunn dhaoine òga aig a bheil Gàidhlig agus a tha an-ceartuair ag obair anns na meadhanan no a tha aithnichte do dhaoine òga ann am FtG tro àrd-ùrlaran air-loidhne a leithid YouTube. Thathar a' libhrigeadh seo air stèidh ionadail an-ceartuair agus a' ceangal le sgoiltean ann an Inbhir Nis agus san Sgìre a Tuath. Thathar a' toirt cuireadh do sgoilearan coinneachadh le luchd-labhairt air aoigheachd air-loidhne agus tha seo air a chur air dòigh le Sgioba na Gàidhlig. Chaidh a' chiad seisean a chumail air 18 Sultain le luchd-stèidheachaidh FC Sonas agus rinn iad ceangal le sgoilearan Bun-Sgoil Mount Pleasant ann an Inbhir Theòrsa.

Ainmeachadh: Oifigearan Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd

Ceann-latha: 29/10/2020

Ùghdaran: Mairead Mulholland agus Shona NicPhàdraig

Pàipearan Cùl-raoin: